

# NA DUILLEAGAN GÀIDHLIG

AIR AN CUR A-MACH AN LÙIB | LIFE AND WORK

2021 | 3 | AN T-SULTAIN



## Facal Toisich

Anns an t-Samhain, bidh COP26 a' tachairt ann an Glaschu. 'S e co-labhairt chruinneil air atharrachadh na gnàth-shìde a th' ann an COP26, a bheir còmhla ceannardan-stàite, eòlaichean agus iomairtichean gu bruidhinn air mar a dh'fhaodamaid mòr-dhùbhlann na gnàth-shìde a chur ceart.

Oir, a rèir gach coltais, tha clann nan daoine air an t-saoghal a chur ann an cunnart. Tha mar a tha caitheamh-beatha chlann nan daoine – co-dhiù anns na dùthchannan nas beartiche – air atharrachadh gu mòr sna trì ficead bliadhna mu dheireadh air uallach nach beag a chur air co-chothrom nàdarra na cruinne.

Tha a-nise plastaig a' tàchdadh nan uisgeachan; tha dòighean àiteachais a' sgrios an ùir; agus tha carbon ga leigeil ma sgaoil dhan èadhair. Tha seo a' fàgail gu bheil deigh na dà Artaig a' sior-leaghadh; iùre àirdre na mara ag èirigh; tart na talmhainn a' sior-fhàs cumanta; ainmhidhean a' sior-dhol às an rathad; agus a' chruinne a' blàthachadh.

Ach, mu choinneamh seo, tha aire an t-sluaigh a' sior-theannadh air an droch làrach a tha clann nan daoine a' fàgail air an àrainneachd. Anns na beagan bhliadhnaichean a dh'fhalbh, tha daoine a' fàs nas mothachail gu bheil e mar fhiachan oirnn a bhith a' coimhead às dèidh ar dachaigh talmhanta. Nì COP26 fàileas dhen bheachd seo, ged nach e beachd ùr sam bith a th' ann.

Tha an dòigh-smaointinn seo a' tuigsinn nach eil sinne nar n-uachdarain air an talamh ach, mar a thuirt am Bioball, gus a shaothrachadh agus a ghleidheadh. 'S e mo dhòchas gun gabh a' cho-labhairt mhòr cothrom air an atharrachadh-inntinn gus prìomhachas a thoirt air gleidheadh na talmhainn, seach a sgrios, a rèir teagaisg a' Bhòbaill.

Leis na beannachdan

Donnchadh Sneddon, Dùn Èideann

Liam Alastair Crouse, Uibhist a Deas

## Dealbh



Abaid Innis Choluim © Tony Hisgett, fo chead Creative Commons.

*Tha Abaid Innis Choluim, ann an Linne Fhoirth, am measg nan togalaichean eachdraidheil fo chunnart atharrachadh na gnàth-shìde ann an Alba. Bheir tuiltean agus crònadh a' chladaich droch bhuidh air an abaid seo san àm ri teachd, a rèir Àrainneachd Eachdraidheil na h-Alba (HES). Tha mòran eaglaisean agus làraichean cràbhachd eile anns an aon chunnart, a leithid Eileach an Naoimh, Caibeil Inbhir Pheafraidh (Craoibh), Priòireachd Taigh Mhàrtainn (Whithorn).*

# Gàidhlig Shìmplidh

Tha mi a' sgriobhadh seo ann am meadhan an luchair. Tha i gu math teth an-diugh, agus tha mi taingeil gu bheil fan ri taobh an deasg agam. Ach chan eil i teth ann an Alba a-mhàin. Chithear gach latha air na naidheachdan gu bheil aimsir anabarrach teth aca anns na Stàitean Aonaichte, Canada, An Rùis, Pagastan agus àiteachan eile. Chan eil teagamh idir ann gu bheil a' ghnàth-shìde ag atharrachadh air feadh an t-saoghail. Tha cunnartan an lùib sin dhuinne ann an Alba, gu sònraichte le èirigh àirde na mara, a bhios a' toirt buaidh air na h-eileanan as ìslie againn, an leithid Uibhist. Ach bidh buaidh na bu mhotha buileach ann do dhaoine anns na ceàrnaidhean as bochda air an t-saoghal, far am bi tuiltean agus tioramachd a' fas na bu mhiosa. Tha dleastanas oirnne aire a thoirt air an àrainneachd a chruthaich Dia, agus air ar co-creatairean a bhios a' fulang air sgàth atharrachadh na gnàth-shìde.

## Beagan cuideachaidh

(an t-)luchar - July

a-mhàin - only

Chithear - Can be seen (passive construction)

a' ghnàth-shìde - the climate

àirde na mara - sea level

Na bu mhotha - bigger (future declension)

# Searmon beag

*A nis, chaidh an t aon dheisciobal deug a Ghalile, dhan bheinn far an do dh'òrdaich ìosa dhaibh a dhol. Agus nuair a chunnaic iad e, rinn iad adhradh dha; ach bha cuid dhiubh teagmhach. Mata 28: 16 - 17*

Ann an dòigh tha e rud beag neònach, a' leughadh gun robh cuid ann am measg nan deisciobail a bha fhathast teagmhach nuair a chunnaic iad ìosa air an latha a chaidh a thoirt a Neàmh. Dè shaoil iad a bha mun coinneamh rompa? Cuidegin eile air an robh a choltas? Ìosa ann an da-rìreadh, agus nach do bhàsaich e air a' chrann-ceusaидh idir? Tha e doirbh a ràdh, ach chunnaic iad rud a bha gu tur ùr dhaibh, chan fhaca iad a leithid a-riamh roimhe - chan eil e ach nàdarra nach do thuig iad uile buileach na bha a' tachairt. Cha robh iad nan aonar nan cuid teagamhan, oir tha fhios againn nach robh Tòmas deònach no deiseil a chreidsinn an naidheachd ghlòrmhor gun robh ìosa air èirigh o na mairbh.

Agus tha teagamhan againn uile o àm gu àm - no fad an t-siubhail. A bheil Dia ann, ann an da-rìreadh? A bheil am Biòball earbsach, ann an da-rìreadh? A bheil ar tuigse air brìgh an t-Soisgeil ceart? A bheil mi air mo shàbhaladh?

Nuair a tha teagamhan againn, tha e furasta a bhith a' smaoineachadh gu bheil rudeigin ceàrr le ar cuid creideimh. Chan eil gu leòr dheth againn, no chan e làidir gu leòr. Ciamar as urrainn dhomh seirbheis a dhèanamh dhan Tighearna, agus mo chuid creideimh cho lag?

Cò am maighstear aig a bheil feum air a leitheid de seirbheiseach?

Ach smaoinichibh a-rithist air na deisciobail, agus cuid aca teagmhach ged a bha iad a' faicinn ìosa fhèin beò len sùilean fhèin. Smaoinichibh air na rinn an Tighearna leis na daoine teagmhach seo: trompa, stèidhich e eaglais a tha fhathast a' foillseachadh an t-Soisgeil, a' cur an cèill Facial Dhè dhan t-saoghal. Ged nach eil sgeul air anns na sgriobtairean

fhèin, tha beul-aithris na h-eaglaise ag ràdh gun deach Tòmas Teagmhach fhèin cho fada ris na h-Innseachan a' searmonachadh na naidheachd glòrmhoir.

Tha lòsa fhèin ag innse dhuinn ann an Soisgeul Mhata, "ma bhios creideamh mar shìol de ghràinne mustaird agaibh, canaидh sibh ris a' bheinn seo, 'Gluais à seo gu sin,' agus gluaisidh i, agus cha bhi rud sam bith eu comasach dhuibh" (Mata 17: 20). Oir chan eil obair Rìoghachd Dhè, no fiù 's ar slànachadh fhèin a' crochadh air cho làidir 's a tha ar cuid creideimh, ach a-mhàin air gràs agus cumhachd Dhè. Tha gràs Dhè nas treasa na ar cuid pheacaidhean, tha e nas treasa na ar cuid laigsean, agus tha e nas treasa na ar cuid teagamhan. Tàing do Dhia! Is urrainn dha fiù 's soitheachan cho suarach a chleachdadh airson a rèin fhèin a chur an gnìomh.

Thuit e ri Pòl (2 Cor 12: 9) "Is leòr mo ghràs-sa dhut, oir tha mo chumhachd air a dhèanamh foirfe ann an laigse." Ma bhios tu a' faireachdainn lag - mar a tha sinn uile aig amannan - biodh fios agaibh gu bheil neart Dhè nas treasa na do chuid laigsean. Dèanamaid ùrnaigh còmhla ri athar a' bhalaich ann am Marcos 9: 24: "Tha mi a' creidsinn, cuidich thusa lem eas creideamh!" Is leòr a ghràs-sa dhuinn!

## Naidheachd

### Eaglais Ghàidhlig Chaluim Chille, Glaschu:

Aig an àm sgrìobhaidh (an t-luchar), tha coitheanal Eaglais Ghàidhlig Chaluim Chille ann an Glaschu a' beachdachadh air an dòigh as fheàrr gus an obair aca am measg Gàidheil Glaschu a chumail a' dol. Tha Eaglais Ghàidhlig air a bhith ann an Glaschu o chionn 1770, agus tha an coitheanal air a bhith anns an togalach air Sràid Naoimh Vincent o chionn 1904. Air sgàth trioblaid an leis an togalach aca air Sràid Naoimh Vincent, chan eil cead aca a chleachdadh. Mar sin, tha iad air buidheann-striùiridh a chur air dòigh gus smaoineachadh air an t-slighe air adhart airson a' choitheanail agus misean Gàidhlig ann am

Baile Mòr nan Gàidheal. Tha sinn ag ùrnaigh air an son, gun deònaich an Tighearna misneachd agus gliocas dhaibh agus iad a' toirt ceum air adhart ann an suidheachadh mì-chinnteach, agus ag ùrnaigh a bheannachdan air obair an t-Soisgeil am measg Gàidheil Glaschu anns an àm ri teachd.

### Eaglais Air Loidhne:

On a thòisich an sianal YouTube Eaglais Air Loidhne/ Online Gaelic Church aig toiseach a' ghlasaidh, tha daoine air fhaicinn na bhideothan - le seirbheisean, laoidhean is eile - còrr is 10,000 tursan. Nach dèan sibh lorg air "Online Gaelic Church", agus ma bhrùthas sibh air putan "subscribe", gheibh sibh brath nuair a tha bhideo ùr ri fhaicinn.

### Buidhnean-leughaidh:

Tha Donnchadh Sneddon a' ruith dà bhuidheann-leughaidh air loidhne do dhaoine a tha ag ionnsachadh na Gàidhlig no a tha a' feuchainn ri misneachd a bharrachd fhaighinn ann an leughadh na Gàidhlig, a' cleachdadh an eadar-theangachaich ùir dhen Tiomnadhl Nuadh. Tha buidheann ann do luchd-tòiseachaidh agus buidheann eile ann dhan fheadhainn a tha nas fileanta. Tha an dà chuid saor an-asgaidh. Sgrìobhaibh do sneddon.duncan@gmail.com nam biodh ùidh agaibh ann, no ma bhios sibh airson a leithid a chur air dòigh san eaglais no choimhearsnachd agaibh fhèin agus tha sibh ag iarraidh beagan comhairle air mar a tha e ag obair.

### Eòlas nan Naomh:

Dh'fhosgail taisbeanadh air eachdraidh thràth na Crìosdachd ann an Uibhist san Ògmhios mar phàirt chomharraichean 1500 bliadhna o rugadh Calum Cille. 'S ann an Eaglais Thogh', Uibhist a Deas, a tha an taisbeanadh agus bidh e fosgailte dhan t-sluagh mhòr nuair a dh'fhosglas an eaglais a-rithist a dh'aithghearr. Chuir Ceòlas Uibhist agus Ionad na Ceiltis agus Eòlas na h-Alba aig Oilthigh Glaschu am pròiseact air adhart, le taic o Bhòrd na Gàidhlig. Bidh e a' coimhead air saothair nam manach tràth a leithid Choinnich agus Dhonnain, agus air na diofar bheachdan co-cheangailte ri sgaoleadh na Crìosdachd, agus feartan eile mar a' Ghàidhlig, ann an Uibhist san Linn ro-Lochlannach.



## AM FEAR-DEASACHAIDH

Ma tha sibh airson naidheachdan no beachdan a chur dhan Sgioba Deasachaidh,  
faodar post-d a chur gu sneddon.duncan@gmail.com.

## Bàrdachd

Òran le Liam Crouse do chlann Sgoil Dhalabroig a chum stailc na gnàth-shìde ann an 2019.

*o ba bà mo leanabh  
ba mo leanabh bà  
o ba bà mo leanabh  
's an saoghal seo dol bàs.*

caidil socair sèimh a ghràidhein  
pàisgte sìos fon phlàid  
blàth is cùbhraidih air bheag càram  
's cuir do shùil bhon chàs.

gu neo-luaineach dèan do bhruardar  
drum a' chuain le seòl;  
no le freastal falbh tron deathach  
feadh na coille-chnò.

na leig do smuaintean air an uamhas  
tha cuallach ar rè;  
's tu nach dleasaich, daor an ceannachd,  
sannt a' chruinne-cè.

caisg do chaoineadh, eudail ghaolaich  
leig t' aonach 's bi treun;  
ged nach cuidich 'tha mi duilich'  
's mi tha duilich fhèin.

dhen taigh-còmhnaidh rinneadh òtrach  
an aghaidh òrdugh Dhè;  
clann an duine nach tug ùmhlachd  
do chùmhnant ar crè.

air ar dachaigh rinneadh fàsach  
na bha slàn tha truagh;  
traoghadh chuantan, leigeil truailleadh –  
dian-ruagadh gun truas.

nuair a dhùisgeas tus' a-màireach  
's e do ghràdh nì feum,  
's mòr an obair a bhios romhad –  
cum fo chogais rèidh.

air gach creutair, nì deagh-chumail,  
's air gach lus fon ghrèin;  
air an dileab bi nad chìobair  
's meas i prìseil fhèin.

## Adhbhar gàire

Bha fear dhen luchd-deasachaidh aig ceann seirbhise air loidhne o chionn ghoirid, a' togail an fhuinn airson a' chiad salm nuair a mhothaich e gun robh uisge a' tighinn tro mhullach an taighe agus a' sileadh air a' choimpiutar agus na nòtaichean! Chùm e air leis an t-salm, a' seinn agus a' sioftadh a h-uile rud gu àiteigin sàbhailte agus a' cur bobhla-measa gu feum ùr aig an aon àm. Stad an t-uisge ro thoisearch an t-searmoin, tha e a' toilichte a ràdh. Thog e leasan cudromach on a sin, ged-tà: an ath thriong 's a tha e a' searmonachadh air loidhne, biodh sgàilean-uisge aige ri làimh!

## Ùrnaigh

A Dhè as àirde,  
Is leòr do ghràs-sa dhuinn,  
oir tha do chumhachd air a dhèanamh  
foirfe ann an laigse.

A Thighearna, tha sinn ag aideachadh dhut  
gu bheil sinn lag, gu bheil sinn teagmhach,  
gu bheil sinn gu tric a' dol air seachran.

A Thighearna, lòn sinn le do ghràs,  
gus am biodh do chumhachd gar neartachadh,  
gar brosnachadh agus gar misneachadh.

Deònaich gum biodh ar laigse  
air a neartachadh le do ghràs naomh fhèin,  
gus an dèan sinn seirbheis dhut  
agus do ar coimhearsnaich.

**Amen.**